

Co-chomhairle air Alba a bhith na Nàisean Obair Chothromach

Clàr-innse

Ro-ràdh bhon Mhinistear.....	3
Dè th' ann an obair chothromach?	5
Co-theacsa	5
Cò ris a bhios Nàisean Obair Chothromach coltach ro 2025?.....	6
Na tha sinn air coileanadh	8
Adhartas a bharrachd	11
Às dèidh 2025	13
A' tomhas soirbheas	14
Ceistean co-chomhairleachaidh	16
A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo	18

Ro-ràdh bhon Mhinistear



Mar Mhinistear airson Eadar-ghluasad Cothromach, Fastadh agus Obair Chothromach, tha e na thoileachas dhomh a' cho-chomhairle phoblach seo a chur air bhog mu Alba a bhith na Nàisean Obair Chothromach.

Is e lèirsinn Riaghaltas na h-Alba, agus Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich, gum bi beatha obrach aig daoine ann an Alba a tha air thoiseach air dùthchannan eile an t-saoghail ro 2025 far am bi Obair Chothromach a' cur air adhart soirbheachas, sunnd agus beairteas do dhaoine fa leth, gnìomhachasan, buidhnean agus dhan t-sòisealtas.

Tha galar sgaoilte COVID-19 agus fàgail an Aonaidh Eòrpaich a' ciallachadh gur e seo an t-àm ceart airson a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh air na dùbhlain, cnapan-starra agus gnìomhan gus an lèirsinn againn a choileanadh. San dòigh seo, tha ar freagairt choitcheann do gach cuid fàgail an AE agus dhan ghalar sgaoilte air sealltainn cho cudromach 's a tha an com-pàirteachas leantainneach againn tron riaghaltas air fad agus leis an luchd-ùidh againn uile. Ged a tha an galar lèir-sgaoilte fhathast a' toirt buaidh oirnn, feumaidh sinn cumail oirnn cuimseachadh air na neo-ionannachdan sònraichte a tha san t-sòisealtas agus sna h-àiteachan-obrach againn fhathast - a' cur às do bhochdainn agus leth-bhreith, agus a' dèanamh cinnteach nach cuir suidheachadh eaconamach no sòisealta bacadh air na cothroman aig daoine uair sam bith. Tha sinn gu mòr airson 's gun tig Alba a-mach à galar sgaoilte COVID-19 mar dhùthaich nas adhartaiche, nas in-ghabhailta agus nas co-ionainne, agus gu bheil daoine agus coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta, gu bheil iad gan gabhail a-steach agus gu bheil cumhachd aca.

Agus sinn ag ath-thogail, tha sinn a' gluasad air adhart le clàr-gnothaich 10-bliadhna àrd-amasach gus cruth-atharrachadh a thoirt air an eaconamaidh gus cuideachadh gus comas na h-Alba a choileanadh agus cumaidh sinn oirnn ag obair a dh'ionnsaigh eaconamaidh le Obair Chothromach aig a cridhe.

Ag obair còmhla ris na buidhnean-gnìomha againn, ri aonaidhean, gnìomhachasan agus an treas roinn, tro na planaichean gnìomh againn airson na margaidh obrach air [Obair Chothromach, Beàrn Pàigheadh Gnè, Cosnadh le daoine air a bheil Ciorraim](#), agus [Fastadh is Gleidheadh Daoine de dhiofar Chinnidhean](#), chaidh adhartas mòr a dhèanamh gus Obair Chothromach a thoirt air adhart.

- Tha mun chòig uiread de dh'fhastaichean Tuarastail Bith-Beò aig Alba sa th' aig a' chòrr den RA gu co-rèireach.
- Aig an àm seo, tha a' bheàrn tuarastail gnè aig an ìre as ìsle a chaidh a chlàradh riamh.
- Tha Riaghaltas na h-Alba air cumhaichean Obair Chothromach an Toiseach a chur ri còrr is £2.4 billean de mhaoineachadh poblach bho 2019.
- Tha Obair Chothromach cuideachd aig meadhan an aonta eachdraidheil againn le Pàrtaidh Uaine na h-Alba. Tron aonta seo, cuiridh sinn ris an dòigh-obrach chumhach againn, gus am bi pàigheadh am Fìor Thuarastal Bith-beò agus a' toirt seachad seanailean iomchaidh gus guth èifeachdach a bhith aig daoine, mar eisimpleir a bhith ag aithneachadh aonaidhean ciùird, mar riatanas airson grantaichean bhon roinn phoblaich.

Tha sinn cuideachd a' sireadh do bheachdan air dè na cumhachdan agus ceuman a bharrachd a bu chòir cleachdadh gus Alba a dhèanamh na nàisean Obair Chothromach, chan ann a-mhàin gus na h-àrd-amasan sòisealta agus eaconomach againn a choileanadh, ach cuideachd airson a bhith a' freagairt air margaidh obrach a tha daonnan ag atharrachadh. Thèid am fiosrachadh a gheibh sinn tron cho-chomhairle seo a chleachdadh gus planaichean gnìomh na margaidh-obrach ùrachadh tràth ann an 2022.

Richard Lochhead BPA

Ministear airson Eadar-ghluasad Cothromach, Fastadh agus Obair Chothromach

An Dàmhair 2021

Dè th' ann an obair chothromach?

Tha Obair Chothromach aig cridhe na ro-innleachd eaconomach againn: tha e math do luchd-obrach, math do luchd-fastaidh agus math do dh'Alba. A chionn 's gu bheil lagh fastaidh glèidhte ann am Westminster, chan urrainn do Phàrlamaid na h-Alba còraichean reachdail agus dìonan do luchd-obrach a leasachadh. Ach, tha sinn gu mòr airson gach inneal a tha ri fhaighinn a chleachdadh, mar eisimpleir, tron chaitheamh phoblach againn, a bharrachd air a bhith gan cur air adhart tro gach clàr-gnothaich poileasaidh iomchaidh gus na cleachdaidhean obrach cothromach a tha sinn ag iarraidh airson luchd-obrach na h-Alba a thoirt air adhart, a' brosnachadh cheuman a tha a' dol nas fhaide na ìrean reachdail bunaiteach de chòraichean agus dìon obrach.



Tha Obair Chothromach air aon de na builean anns an [Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta](#) againn, agus tha e bunaiteach airson a bhith a' stiùireadh ath-bheothachadh agus ath-nuadhachadh eaconomach, agus a' stiùireadh an eadar-ghluasaid againn gu eaconamaidh sunnd le cothromachadh carbain. Tha e a' dol nas fhaide na dìreach a bhith a' gèilleadh ri còraichean agus dìon cosnaidh reachdail agus tha e a' feuchainn ri buannachdan obair àrd-inbhe fhaighinn do luchd-fastaidh agus luchd-obrach. Tha [Frèam-obrach Co-chruinneachadh Obair Chothromach](#) ag ràdh gu bheil Obair Chothromach a' toirt guth èifeachdach, cothrom, tèarainteachd, riarachadh agus spèis do gach neach; a bhios a' cothromachadh chòraichean agus dhleastanasan luchd-fastaidh agus luchd-obrach as urrainn buannachd a thoirt do dhaoine fa leth, do bhuidhnean agus dhan t-sòisealtas.

Ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu Obair Chothromach san àite-obrach, dh'fhaodte gum bi thu airson an t-inneal iomchaidh a lìonadh:

- Is urrainn do **luchd-obrach** an t- [Inneal Fèin-mheasaidh](#) a dhèanamh, a rinn Co-chruinneachadh na h-Obrach Cudromaich. Tha e air a dhealbhadh gus luchd-obrach a chuideachadh gus measadh a dhèanamh a bheil Obair Chothromach aca agus gus gnìomhan a mholadh as urrainn dhaibh a dhèanamh gus piseach a thoirt air cùisean.
- Is urrainn **fastaichean** [Inneal Taic Luchd-fastaidh na h-Obair Cothromaich a chleachdadh](#) a rinn lomairt na h-Alba ann an co-bhonn ri Riaghaltas na h-Alba, Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich agus com-pàirtichean eile. Tha e air a dhealbhadh gus luchd-fastaidh a chuideachadh gus Obair Chothromach a thuigsinn agus a leabachadh.

Co-theacsa

Tha a' chòir air suidheachadh-obrach cothromach fàbharach, a' gabhail a-steach pàigheadh cothromach, stèidhichte ann an [Gairm nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean a' Chinne-daonna](#), agus mar sin, tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic gu daingeann ri Obair Chothromach. Tha an gealltanais seo ri fhaicinn sna builean a thaobh Obair Chothromach san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta againn agus seo as adhbhar gu bheil Obair Chothromach na bhun-stèidh dhan dòigh-obrach a thaobh poileasaidhean eaconomach agus na margaidh obrach. Tha Obair Chothromach na ghluasad a dh'fheumas atharrachadh cultair agus luachan anns an dòigh-obrach againn a thaobh obair agus àiteachan-obrach agus tha mòran gnìomhachasan agus luchd-fastaidh eile air thoiseach air càch sa ghluasad sin gu modail soirbheachais ùr.

Tha a bhith a' brosnachadh, a' libhrigeadh agus a' cumail Obair Chothromach airson a h-uile duine ann an co-obrachadh le luchd-fastaidh, na phrìomhachas leantainneach aig Riaghaltas na h-Alba agus feumaidh na dòighean-obrach agus prìomhachasan coitcheann againn aig ìre nàiseanta agus ìre an àite-obrach atharrachadh agus sinn a' dèanamh adhartas leis an turas seo.

Dh'fhaodadh buaidhean fad-ùine a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19 air a' mhargaidh-obrach a bhith cudromach, gu sònraichte a thaobh ar dòighean-obrach, agus slàinte is sunnd. Tha fios againn gun urrainn Obair Chothromach buannachdan cudromach a thoirt seachad airson slàinte inntinn is sunnd dhaoine. Anns a' Phlana [Slàinte-inntinn: Eadar-ghluasad agus Ath-bheothachadh](#) tha sinn air gealltainn gun obraich sinn gu dlùth le luchd-ùidh, a' gabhail a-steach aonaidhean ciùird agus buidhnean fastaichean, gus àiteachan-obrach le deagh shlàinte-inntinn a bhrosnachadh far a bheilear a' bruidhinn air, a' brosnachadh agus a' cumail taic do shlàinte is sunnd inntinn, agus far a bheilear a' toirt aghaidh air stiogma agus leth-bhreith. A bharrachd air seo, bheir [Ro-innleachd Ath-bheothachaidh Covid!](#) againn na gnìomhan uile còmhla a ghabhas sinn tron riaghaltas air fad agus le com-pàirtichean anns a' bhliadhna a tha romhainn gus aghaidh a chur air buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte air na daoine air an tug e a' bhuaidh as motha. Bidh dòigh-obrach chuimsichte aige a thaobh taic do theaghlachan agus dachaighean aig a bheil teachd-a-steach ìosal, a' cur an cèill an trèanadh agus na taic cosnadh a tha ri fhaighinn dhaibhsan as fhaide air falbh bhon mhargaidh-obrach agus mar a chumas sinn taic ri sunnd chloinne is dhaoine òga, air an tug an galar lèir-sgaoilte buaidh nach bu bheag. Feumaidh an Riaghaltas, luchd-fastaidh agus aonaidhean gabhail ris na leasan a dh'ionnsaich sinn gus na deagh chleachdaidhean obrach a tha air tighinn am bàrr a chur an comas agus a bhrosnachadh. Chan eil teagamh sam bith ann nach eil grunn nithean cudromach eile ann a tha a' toirt cumadh air an eaconamaidh agus an t-sòisealtas againn, gu sònraichte: fàgail an Aonaidh Eòrpaich, a' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde, atharrachaidhean ann an deamografachd agus a' bhuaidh aig atharrachaidhean teicnigeach, mar eisimpleir, fèin-obrachadh (*automation*). Bheir iad seo uile buaidh air a' mhargaidh-obrach, air obair, air luchd-obrach agus air àiteachan-obrach.

A bharrachd air seo, tha iomadh buidheann air freagairt air atharrachaidhean ann an deamografaichean, pàtran obrach, feumalachdan a thaobh sgilean agus treandan teicneòlais, a' toirt air luchd-fastaidh a bhith a' tasgadh, ag atharrachadh agus a bhith nas tarbhaiche. Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le fastaichean, aonaidhean, buidhnean riochdachaidh thar gach raoin, agus le Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich gus dèanamh cinnteach gun cùm Alba a h-àite fìor adhartach a thaobh poileasaidh agus gnìomhan a thaobh Obair Chothromach. Tha an dòigh-obrach againn stèidhichte air ceannas san roinn phoblaich agus phrìobhaidh, air co-obrachadh, agus a bhith a' cleachdadh na buaidh ro-innleachdail againn le bhith ag obair air feadh an riaghaltais agus le prìomh chom-pàirtichean thar-roinneil gus Obair Chothromach a chur air adhart. Bidh an Ro-innleachd Nàiseanta ùr airson Cruth-atharrachadh Eaconamach aig crìche na dòigh-obrach seo, a bhios a' cur air adhart poileasaidhean gus soirbheas nas motha, nas uaine agus nas cothromaiche a libhrigeadh. Bidh dreach planaichean airson eadar-ghluasad cothromach, airson gnìomhachas, roinnean agus coimhearsnachdan, air an aon rèir gus taic a chumail ri libhrigeadh na ro-innleachd seo.

Cò ris a bhios Nàisean Obair Chothromach coltach ro 2025?

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum bu chòir Obair Chothromach a bhith ri fhaighinn dhan luchd-obrach uile, agus gu bheil e na dhòigh-obrach gus cur ri tarbhachd agus soirbheas an luchd-fastaidh uile. Tha Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich fada den bheachd gu bheil Obair Chothromach ro-chudromach gus àiteachan-obrach tarbhach agus ùr-ghnàthach a chruthachadh le luchd-obrach sunndach ([Sgrùdaidhean Cùise](#)).

Tha pàirt aig an Riaghaltas agus a bhuidhnean-gnìomha, aig fastaichean, luchd-obrach agus na h-aonaidhean aca no aig riochdairean eile ann a bhith a' dèanamh Alba na Nàisean Obair Chothromach. Cumaidh Obair Chothromach taic an dà chuid ri poileasaidh eaconamach is sòisealta agus mar sin, bheir e buannachdan do dhaoine agus do choimhearsnachdan a bharrachd air luchd-fastaidh agus an eaconamaidh. Bidh an eaconamaidh sunnd againn stèidhichte air prionnsabalan fàs eaconamach seasmach, a' cur aghaidh air neo-ionannachd agus a' libhrigeadh targaid a thaobh na gnàth-shìde agus amasan na gnàth-shìde san fharsaingeachd.

¹ Ri fhaighinn bho 5 Dàmhair 2021

'S e luchd-fastaidh seòmar-einnsein nan cothroman-obrach agus fàis againn, co-dhiù tha iad nam buidhnean beag, meadhanach no mòr, nan iomairtean sòisealta no neo-phrothaid, agus cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla riutha gus suidheachadh a chruthachadh far an urrainn dhuinn na h-amasan coitcheann againn a libhrigeadh.

Tha buaidh aig nàdar na h-obrach aig luchd-obrach orra taobh a-muigh an àite-obrach agus tron bheatha aca air fad. Tha Obair Chothromach a' toirt seachad tèarainteachd ionmhasail nas fheàrr cho math ri slàinte chorporra agus sunnd inntinneil nas fheàrr. Tha e a' ciallachadh co-ionannachd chothroman san àite-obrach, a' gabhail a-steach ionnsachadh, leasachadh agus adhartas, agus cultar agus àrainneachd a bhith ann a tha saor bho bhurraidheachd agus leth-bhreith, a' cuideachadh dhaoine gus beatha nas taitnichte a bhith aca. Tha fios againn gu bheil na co-dhùnaidhean as fheàrr do luchd-obrach agus do luchd-fastaidh air an dèanamh còmhla. Tha fios againn gum bi obraichean a bhios a' toirt seachad tèarainteachd a thaobh obair, uairean, agus teachd a-steach a' lùghdachadh neo-ionannachd. Bheir iad comas do dhaoine roghainn is smachd a bhith aca air a' bheatha aca agus gus ro-iomagain a lùghdachadh. A bharrachd air seo, bidh ciall eadar-dhealaichte aig Obair Chothromach do dhiofar dhaoine aig diofar amannan sa bheatha obrach aca. Nuair a dh'atharraicheas feumalachdan na margaidh-obrach agus an àite-obrach, bu chòir dhan a h-uile duine a bhith comasach air obair mhath fhaighinn agus a chumail agus adhartas a dhèanamh nan cùrsa-beatha agus bu chòir seo a bhith na bhunait airson cluaineas tèarainte agus tlachdmhor.

Tha Obair Chothromach cuideachd na mhodail airson ùr-ghnàthachadh agus soirbheachas, le mòran luchd-fastaidh ann an Alba a' cur chleachdaidhean Obair Chothromach an gnìomh mar-thà, a' solarachadh àrainneachdan obrach shàbhailte agus a' brosnachadh chultaran obrach adhartach far a bheil luchd-obrach a' com-pàirteachadh agus far a bheil an guthan air an cluinntinn. Tha fianais a' sealltainn gu soilleir gum faigh fastaichean buannachdan bho luchd-obrach ma gheibh iad deagh phàigheadh, ma gheibh iad urram, cothroman com-pàirteachaidh, ma tha iad dealasach, eadar-mheasgte agus nas sùbailte, tro fhastadh agus gleidheadh nas fheàrr, coileanadh, ùr-ghnàthachadh agus tarbhachd ([Sgrùdaidhean Cùise](#)). Le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' faireachdainn gu bheil luach, spèis agus taic air an toirt dhaibh, cuiridh seo ri sunnd agus cuidichidh e gus a' bhuidheann a dhèanamh na fhastaiche dha bheil daoine ag iarraidh obrachadh. Tha Obair Chothromach a' cumail taic ri sgioba-obrach nas dealasaich, nas sgileil agus nas sùbailte, a tha comasach air dùbhlain agus cothroman fhaicinn, duilgheadasan fhuasgladh, lèirsinn agus beachdan a thoirt seachad a thaobh leasachadh, agus mar sin cruthaichidh i fìor luach². Bidh seo gu sònraichte cudromach agus sinn a' dèanamh nan atharrachaidhean a tha a dhith gus gluasad gu eaconamaidh le cothromachadh carboin, a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-atharrachaidhean cothromach airson feachd-obrach na h-Alba.

Ag obair le ar com-pàirtichean tro bhith a' libhrigeadh nan gnìomhan làithreach againn air Obair Chothromach, Fastadh dhaoine air a bheil ciorram, Fastadh is Cinneadh, agus a' Bheàrn Tuarastal Gnè, ro 2025, tha fios gu bheil sinn ag iarraidh na leanas fhaicinn:

- Leasachaidhean thairis air prìomh chuspairean leithid beàrnan fastaidh is pàighidh do bhoireannaich, luchd-obrach mion-chinnidh agus luchd-obrach air a bheil ciorram, tèarainteachd teachd-a-steach agus uairean, agus barrachd co-bharganachaidh, le adhartas gu bhith air a thomhas tro na taisbeanairan ann am [Frèama Tomhais Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich](#) agus anns an [Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta](#).
- Slatan-tomhais Obair Chothromach an Toiseach a bhith air an cur an sàs air feadh roinn phoblach na h-Alba gus piseach a thoirt air suidheachadh obrach nan daoine a bhios a' libhrigeadh nan seirbheisean poblach againn. Ron t-Samhradh 2022, bheir sinn a-steach riatanas air gach buidheann a gheibh grantaichean bhon roinn phoblach co-dhiù am Fìor Thuarastal Bith-beò a phàigheadh dhan luchd-obrach uile.

² [Happy employees and their impact on firm performance | LSE Business Review](#): Sheall anailis a chaidh fhoillseachadh leis an Ionad airson coileanadh Eaconamach aig London School of Economics ann an 2019, thairis air àireamh mhòr de roinnean agus eaconamaidhean, gu bheil sunnd luchd-obrach nas àirde co-cheangailte ri tarbhachd nas àirde agus deagh choileanadh - a' gabhail a-steach dìlseachd luchd-cleachdaidh, prothaid agus ìre fàgail an luchd-obrach.

- Guth èifeachdach nas fheàrr do luchd-obrach tro dhòighean-obrach iomchaidh, a' gabhail a-steach barrachd ballrachd ann an aonaidhean-ciùird agus co-bharganachadh; le gnìomhan cuimsichte gus cur ri seo ann an roghainnean far nach eil riochdachadh gu leòr ann, gu sònraichte cùram sòisealta; tràth-bhliadhnaichean agus cùram-chloinne; aoigheachd; agus togail.
- Beànan pàighidh lùghdaichte agus barrachd chothroman dreuchdail do bhoireannaich, luchd-obrach mion-chinnidh agus luchd-obrach air a bheil ciorram a chuireas ri an teachd-a-steach agus a thogas feachd-obrach nas eadar-mheasgte agus nas sgileil.
- Pàigheadh agus suidheachaidhean nas fheàrr agus tèarainteachd obrach do na h-uile, le barrachd roghainnean airson obair shùbailte a bhios freagarrach do dhaoine aig a bheil teaghlach.
- Sunnd nas fheàrr aig luchd-obrach agus àiteachan-obrach nas sàbhailte a tha a' lùghdachadh thubaistean san àite-obrach.
- Siostam sgilean sùbailte a chuidicheas daoine fad am beatha agus a dhèiligeas ri feumalachdan-obrach a tha ag atharrachadh, stèidhichte air tasgadh coitcheann eadar fastaichean, luchd-obrach agus an riaghaltas.

Na choilean sinn

Tha Alba air adhartas susbainteach a dhèanamh air Obair Chothromach agus tha tòrr adhbharan moit againn. Tha [Frèam-obrach Co-chruinneachadh na h-Obair Cothromaich](#) na bhun-stèidh do dhòigh-obrach an Riaghaltas a thaobh Obair Chothromach. Ged nach eil Aithisg Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich Alba [Obair Chothromach ann an Alba](#) (An Dùbhlachd 2020) a' toirt cunntas air buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte, tha e a' sealltainn gun deach adhartas a dhèanamh air prìomh cheistean mar a' bheàrn tuarastail aig daoine air a bheil ciorram, cion-cosnadh òigridh, beànan pàighidh gnè is cinnidh, cosnadh tèarainte agus co-bharganachadh.

Obair Chothromach an Toiseach

Ann an suidheachadh far nach eil cumhachdan againn a thaobh laghan fastaidh (a tha glèidhte ann am Westminster), tha sinn a' cumail oirnn a' cleachdadh gach inneal a th' againn gus an t-atharrachadh a tha sinn ag iarraidh a chur air adhart. Is e Obair Chothromach an toiseach a' prìomh innleachd gus cleachdadh obair-chothromach a chur air adhart, a' cleachdadh tasgadh na roinne poblach gus atharrachadh adhbharachadh.

Bho 2019, chaidh slatan-tomhais Obair Chothromach an Toiseach a chur an sàs airson maoinachadh luach £2.4bn bhon roinn phoblach, a' gabhail a-steach £619.8m de sholarachadh.

Tro Obair Chothromach an Toiseach, tha sinn a' cur slatan-tomhais Obair Chothromach an Toiseach an sàs airson grantaichean, maoinachadh is cùmhnantan eile bhon roinn phoblach, a' brosnachadh luchd-fastaidh a bhith a' gabhail ri cleachdaidhean obair chothromach le bhith ag aontachadh ri:

- seanailean iomchaidh gus am bi guth èifeachdach aig daoine, mar eisimpleir a bhith ag aithneachadh aonaidhean-ciùird
- tasgadh ann an leasachadh an fheachd-obrach
- gun cùmhnantan neoni uairean a bhith air an cleachdadh gu mì-iomchaidh
- gnìomhan gus dèiligeadh ris a' bheàrn tuarastail gnè agus gus àite-obrach nas eadar-mheasgte agus nas in-ghabhalaiche a chruthachadh
- a' pàigheadh an fhìor thuarastail bith-beò
- *a bhith a' tairgsinn obair shùbailte agus fhreagarrach do theaghlachaichean dhan luchd-obrach uile bhon chiad latha aca san obair
- *a bhith a' cur an aghaidh a' chleachdaidh a bhith a' cur daoine a-mach à dreuchd agus gan ath-fhastadh

*Nòta: tha an dà shlat-tomhais mu dheireadh ùr agus bidh iad an gnìomh bhon Dàmhair 2021 a-mach.

Tha an dòigh-obrach Obair Chothromach an Toiseach ga chur an gnìomh air feadh na roinn poblaich mean air mhean agus thathar a' cumail taic ri seo tro [stiùireadh](#) agus [inneal](#) taic do luchd-fastaidh. Tha sinn air stiùireadh reachdail fhoillseachadh cho math ri stiùireadh air a' chleachdadh as fheàrr agus seata-innealan airson solarachadh. Neartaichidh sinn an dòigh-obrach chumhach (*conditionality*) againn, gus am bi pàigheadh an Fhìor Thuarastal Bith-beò agus a' toirt seachad seanailean iomchaidh gus guth èifeachdach a bhith aig daoine, mar eisimpleir a bhith ag aithneachadh aonaidhean ciùird, mar riatanas airson grantaichean bhon roinn phoblaich.

Fìor Thuarastal Bith-beò

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh ris an Fhìor Thuarastal Bith-beò oir tha e a' toirt seachad pàigheadh stèidhichte air bun-teachd a-steach a tha a dhìth airson ìre bith-beò reusanta. Tha Pàigheadh Cothromach na phàirt ro-chudromach de dh'Obair Chothromach agus tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic ri Caidreachas na Bochdainn gus an cuideachadh le bhith a' libhrigeadh Sgeama Barantachadh Fastaichean Tuarastal Bith-beò na h-Alba gus cur ris an àireimh de luchd-obrach a tha a' faighinn an fhìor thuarastal bith-beò.

Tha còrr is 2,000 luchd-fastaidh a tha barantaichte a thaobh Tuarastal Bith-beò na h-Alba – suas bho 14 ann an 2014.

Tha làn thaic aig Riaghaltas na h-Alba ri bhith a' pàigheadh an fhìor thuarastal bith-beò agus ris na buannachdan da-riribh dhan eaconamaidh bho bhith a' toirt cothrom na fèinne do dhaoine a tha ag obair. Tha tòrr luchd-fastaidh air [Barantachadh Tuarastal Bith-beò](#) fhaighinn, ag aithneachadh gu bheil iad air gealltainn Fìor Thuarastal Bith-beò a thoirt dhan luchd-obrach aca. Tha còrr is 1.9 millean neach-obrach ann an Alba a-nis a tha a' faighinn an Fhìor Thuarastal Bith-beò aig a' char as lugha (84.8% de luchd-obrach aois 18+).³

A' libhrigeadh gealladh manifesto 'a' chiad 100 latha' agus a' toirt piseach air tèarainteachd ann am pàigheadh, obair agus uairean, tha sinn a-nis a' toirt taic dhan sgeama neo-eisimeileach Living Hours Accreditation Scotland scheme. Tha an sgeama ag aithneachadh gu bheil àireamh agus tricead nan uairean obrach riatanach gus aghaidh a chur air bochdainn do dhaoine aig a bheil obair. Feumaidh gnìomhachasan an fhìor thuarastal beò a phàigheadh, cùmhnant a thoirt seachad a' nochdadh na h-uairean a rinneadh le 16 uair san t-seachdain aig a' char as lugha (mura h-iarr an neach-obrach an caochladh), agus feumaidh iad dèanamh cinnteach gum bi fios aca co-dhiù 4 seachdainean ro-làimh de shioftaichean agus gum faigh iad pàigheadh cinnteach ma thèid sioftaichean a chur dheth taobh a-staigh na h-ùine seo.


Beàrn Fastaidh Ciorram

Eadar 2016 agus 2019, lùghdaich a' bheàrn fastaidh do dhaoine air an robh ciorram. Bha an t-adhartas a rinneadh aig an àm seo mar thoradh air an ìre cosnaidh aig daoine air a bheil ciorram a' fàs nas luaithe na an ìre aig daoine air nach robh ciorram. Ged a leudaich a' bheàrn ann an 2020, a rèir coltais mar thoradh air COVID-19, tha sinn fhathast air an t-slighe gus ar n-amas iomlan a choileanadh gus a' bheàrn fastaidh ciorram a lùghdachadh co-dhiù an dàrna leth ro 2038. Tha Riaghaltas na h-Alba agus a chom-pàirtichean air fòcas a chur air trì prìomhachasan gu sònraichte: a' cumail taic ri daoine air a bheil ciorram airson a dhol a-steach dhan àite-obrach, a' cumail taic ri luchd-fastaidh gus daoine air a bheil ciorram fhadadh agus a ghleidheadh; agus daoine òga agus eadar-ghluasadan. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' maoineachadh stèidheachadh Com-pàirteachas Sòisealta Poblach gus taic nas fheàrr a chumail ri luchd-fastadh gus daoine air a bheil ciorram fhadadh is a chumail (a thug seachad seiseanan do 230 buidhnean agus 1,120 riochdairean aig luchd-obrach am bliadhna); a' cruthachadh [Plana Trusaidh is Cumail luchd-obrach air a bheil ciorram](#) aig Riaghaltas na h-Alba fhèin; a' toirt taic do dhaoine air a bheil ciorram tro [Fair Start Scotland](#), le 43% de na com-pàirtichean gam meas fhèin ciorramach; agus a' dèanamh dheuchainnean air [Principles into](#)

3 Tùs: Annual Survey of Hours and Earnings 2020, ONS. Nòtaichean:

1. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-obrach aois 18+ air an t-siostam PAYE air ìrean pàighidh inbheach agus le pàigheadh air nach tug neo-làthaireachd buaidh. Tha tuairmsean airson 2020 a' gabhail a-steach luchd-obrach a chaidh a chur air fòrladh fo Sgeama Glèidhidh Obrachan a' Chorònbhiorais (CJRS).
2. Chaidh na h-ìrean a thomhas a' cleachdadh cuideaman cailbhrichte airson pàighidh iosal a rèir stiùireadh ONS.
3. Cosnadh san uair, gun a bhith a' gabhail a-steach seach-ùine

[Practice](#) ann an 10 sgìrean ùghdarrasan ionadail a tha a' gabhail pàirt gus piseach a thoirt air eadar-ghluasad do dhaoine òga air a bheil ciorram agus do dhaoine le feumalachdan taic a bharrachd.




4

Beàrn Tuarastail Gnè

Thuit a' bheàrn tuarastail gnè mheadhain airson an luchd-obrach uile ann an Alba bho 14.4 sa cheud ann an 2019 gu 10.9 sa cheud ann an 2020, nas ìsle na ìre na RA (15.5 sa cheud). Thuit a' bheàrn tuarastail gnè airson luchd-obrach làn-ùine ann an Alba bho 7.2 sa cheud ann an 2019 gu 3.0 sa cheud ann an 2020 agus san RA thuit e bho 9.0 sa cheud gu 7.4 sa cheud.

Tha na figearan as ùire airson beàrn tuarastail gnè aig an ìre as ìsle a chaidh a chlàradh riamh agus tha iad a' sealltainn gu bheil Alba fhathast a' dèanamh nas fheàrr na an RA uile gu lèir.

Tha a' bheàrn tuarastail gnè mheadhain airson luchd-obrach làn-ùine ann an Alba agus san RA air lùghdachadh thar na bliadhna mar thoradh air èirigh sa chosnadh mheadhan san uair (gun a bhith a' gabhail a-steach seach-ùine) do bhoireannaich aig ìre nas luaithe na an cosnadh meadhan san uair (gun ùine a bharrachd) aig fir.



5

Mar phàirt de na ceumannan againn gus cumhachd a thoirt do bhoireannaich, cumaidh sinn oirnn ag obair ann an com-pàirteachas le gnìomhachas àiteachais na h-Alba gus ceumannan a thoirt air adhart gus taic a thoirt do bhoireannaich a tha ag obair ann an àiteachas na h-Alba; tro bhith a' leasachadh agus a' leudachadh an cuid sgìlean agus tàlantann agus a' toirt taic do ghnìomhachasan làidir agus sùbailte san àm ri teachd.

⁴ Suirbhìdh Bliadhnaile an t-Sluaigh Faoilleach-Dùbhlachd 2016 gu 2020

⁵ [Scottish Government analysis of Annual Survey of Hours and Earnings](#)

Anns a' bhliadhna ionmhais seo tha sinn air £300,000 a ghealltainn agus rè na pàrlamaid làithrich, dùblaichidh sinn am maoin eachadh seo suas ri £600k gus raon de cheumannan a libhrigeadh a' gabhail a-steach cruthachadh app Skillseeder airson sgilean stèidhichte air fearann a cho-roinn gus leigeil le barrachd dhaoine pàirt a ghabhail ann an trèanadh ann an sgìrean dùthchail agus stèidhichte air fearann; agus maoin trèanaidh practaigeach do bhoireannaich ann an àiteachas.

Fastadh is Cinneadh

Gus dèiligeadh ri neo-chunbhalachdan ann an cosnadh, tha sinn a' gabhail grunn cheumannan gus cuideachadh leis a' bhuil againn dèanamh cinnteach gum faigh daoine bho mhion-chinnidhean cothrom air obair, cothrom fuireach san obair, no cothrom adhartas a dhèanamh san obair. Tha sinn air [Co-labhairt Ceannardas na Roinne Poblach air Co-ionannachd Cinnidh ann an Cosnadh](#) a libhrigeadh às an tàinig [Co-ghealltanas](#) anns an do dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan poblach gnìomhan a ghabhail gus dèiligeadh ri neo-ionannachd cinnidh san àite-obrach.

Tro Mhaoin Cho-ionannachd an Àite-obrach, tha sinn air maoin eachadh a thoirt do 24 pròiseactan le maoin eachadh de còrr is £355,000 eatorra gus taic a chumail do luchd-fastaidh gus fòcas a chur air cùisean co-ionannachd a tha a' toirt buaidh air luchd-obrach mhion-chinnidheach.

Gu ruige seo, tha 28 buidheann phoblach air aontachadh ris a' ghealltanas seo gu poblach. Tha sinn air [Seata-innealan Trusadh Mion-chinnidhean](#) a dhèanamh gus taic a thoirt do luchd-fastaidh gus luchd-obrach a thrusadh bho choimhearsnachdan mion-chinnidheach. Tha Maoin Cho-ionannachd an Àite-obrach cuideachd a' cumail taic ri boireannaich, ri luchd-obrach a tha nas sine na 50, is ri daoine air a bheil ciarram, tro 34 pròiseactan a bharrachd. Uile gu lèir, fhuair còrr is 290 gnìomhachasan prìobhaideach taic le cleachdaidhean fastaidh, stiùireadh san àite-obrach agus tro bhith a' co-roinn deagh chleachdadh. Tha còrr is 3,500 luchd-obrach air pàirt a ghabhail ann an seiseanan trèanaidh gu ruige seo, agus tha a' mhaoin fhathast a' cur às do chnapan-starra sa mhargaidh-obrach agus a' cuideachadh bhuidhnean le prìomhachas gus a dhol a-steach a chosnadh, a bhith a' fuireach ann agus a' dèanamh adhartas ann.

Adhartas a bharrachd

Tha sinn air an t-slighe gu bhith nar nàisean Obair Chothromach agus tha na beagan bhliadhnaichean a tha romhainn ro-chudromach gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn an t-adhartas a tha a dhìth gus an lèirsinn againn a choileanadh agus gus coinneachadh ri feumalachdan caochlaideach na h-eaconamaidh agus nan àiteachan-obrach againn. Tha Aithisg [Obair Chothromach ann an Alba 2020](#) aig Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich ag ràdh gum feumar barrachd a dhèanamh gus obrachadh sùbailte a thoirt seachad, cùmhnantan neoni uairean a lùghdachadh, agus gus cleachdadh sgilean agus com-pàirteachadh san àite-obrach a thoirt air adhart. A bharrachd air sin, tha a' mhargaidh-obrach air atharrachadh bho 2019 agus leanaidh seo mar thoradh air buaidhean a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19, fàgail an AE, èiginn leantainneach na gnàth-shìde, atharrachadh deamografach agus buaidh atharrachadh teicneòlais, leithid barrachd fèin-obrachadh. A bharrachd air an dòigh-obrach Obair Chothromach a bhith aig cridhe na Ro-innleachd Ath-slànachaidh Covid againn agus aig cridhe na Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconomach, leanaidh ar fòcas air:

Ceannas san roinn phoblach

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air a' toirt seachad ceannas air a' chuspair seo, mar neach-fastaidh, agus tro na poileasaidhean againn. Cumaidh sinn oirn a bhith ag obair leis an roinn phoblach gus gabhail ri agus brosnachadh Obair Chothromach an Toiseach a chur air adhart. Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le fastaichean, aonaidhean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh eile gus dèanamh cinnteach ro 2025 gu bheil cumhachan Obair Chothromach air an cur an sàs ann an slatan-tomhais sgòraidh airson maoin eachadh san roinn phoblach, far a bheil e iomchaidh agus buntainneach sin a dhèanamh fon reachdas làithreach. Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir dhan bhrosnachadh agus maoin eachadh bhon roinn phoblach a bheil an Riaghaltas seachad a bhith a' toirt a-staigh buannachdan nas fharsainge, leithid a bhith a' brosnachadh Obair Chothromach agus an eadar-ghluasad cothromach gu eaconamaidh le cothromachadh carbon, gus taic a chumail ri ath-bheothachadh eaconomach seasmhach agus eaconamaidh sunnd soirbheachail san fhad-ùine.

Le bhith a' cleachdadh a h-uile inneal a tha ri fhaighinn dhuinn, a' gabhail a-steach cumhaichean ann an cùmhnantan is maoineachadh agus maoineachadh cuimsichte, bidh sinn a' cur air adhart dòighean èifeachdach gus guthan dhaoine a chluinntinn, a' gabhail a-steach ballrachd aonaidh, a' cur air adhart àrdachadh san àireamh de dhaoine a gheibh co-dhiù an fhìor thuarastal bhith-beò agus cùmhnantan tèarainte a bhith aig daoine, a bhith ag obrachadh gus cur às do bheàrnan cosnaidh is pàighidh, a' cur ri daoine a bhith a' fuireach san obair againn, riarachas obrach agus tarbhachd, agus àrdachadh anns an àireamh de ghnìomhachasan a tha a' nochdadh cleachdaidhean gnìomhachais ciallach agus beusanta.

A bharrachd air seo, bidh Obair Chothromach air a fighe tron Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconomach air fad, leis cho cudromach 's a tha cleachdaidhean Obair Chothromach dhan ath-nuadhachadh agus ath-shlànachadh eaconomach againn. Bidh na ceuman a thèid a ghabhail gus Obair Chothromach a thoirt air adhart cuideachd a' cur ri leasachadh poileasaidh airson a' Bhile ùr airson Còraichean Daonna, a thèid a thoirt a-steach anns an t-seisean pàrlamaideach seo. Bidh am Bile a' cur Cùmhnant Eadar-nàiseanta nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Eaconomach, Sòisealta agus Cultarail, a-steach gu laghan na dùthcha, cho fad 's a ghabhas seo a dhèanamh taobh a-staigh comas reachdail tiomnaichte na Pàrlamaid, còmhla ri trì cùmhnantan eadar-nàiseanta air còraichean cinne-daonnagus cumhachd a thoirt do bhoireannaich, daoine air a bheil ciorram agus daoine à mion-chinnidhean. Feuchaidh sinn cuideachd ri co-thaobhadh ri reachdas, poileasaidh agus inbhean an AE fhathast, far a bheil sin comasach, tro bhun-reachdas agus fo-reachdas agus tro na cumhachdan a chaidh a thoirt seachad fo Achd Fàgail an Aonaidh Eòrpaich leis an RA (Leantainneachd Laghail) 2021. Bidh an dòigh-obrach seo ag amas air dèanamh cinnteach gun urrainn do dh'Alba na h-ìrean àrda de riaghlaidh a fhuair i mar phàirt den Aonadh Eòrpach (a' leantainn laghan a th' ann mar-thà), agus gus dèanamh cinnteach gum bi e furasta cothrom fhaighinn air a' mhargaidh agus gus am bi e nas fhasa do dh'Alba a dhol a-steach dhan AE a-rithist.

Priomh roinnean

Cumaidh sinn oirn a bhith a' toirt taic do phrìomh roinnean den eaconomaidh far am bu chòir adhartas a dhèanamh gus cleachdadh obair chothromach a thoirt air adhart, a' gabhail a-steach nam feadhainn a chaidh a chomharrachadh le [Co-chruinneachadh na h-Obair Cothromaich](#), agus cumaidh sinn oirn a bhith a' brosnachadh Obair Chothromach ann an roinnean eile far a bheil leasachadh fòcusaiste a dhìth.

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gur e deagh luchd-obrach an rud as cudromaiche a tha a' cur air adhart càileachd tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne. Tha a bhith [a' brosnachadh cleachdaidhean obair chothromach](#) na prìomh dhòigh gus taic a chumail ris an amas seo agus feumaidh gach solaraiche a tha a' toirt seachad Tràth-ionnsachadh agus Cùram Chloinne dearbhadh gun gabh iad ris agus gun cur iad an sàs cleachdaidhean obrach cothromaich san t-suidheachadh aca. Gus an gealltanais seo a thaobh Obair Chothromach a libhrigeadh, gheibh gach solaraiche san roinn phrìobhaidich agus san treas roinn ìre maoinichidh seasmach gus dèanamh cinnteach gun tèid co-dhiù am fìor thuarastal Bith-beò a thoirt do gach neach-obrach cùram-chloinne a tha a' libhrigeadh na còrach maoinichte.

Cumaidh sinn oirn ag obair leis an roinn cùram sòisealta gus cleachdadh obrach chothromach a chur air adhart a rèir nam molaidhean bhon [Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cùram Sòisealta nan Inbheach](#) agus aithisg Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich air [Obair Cothromach ann an Roinn Cùram Sòisealta na h-Alba](#). Tha a bhith a' toirt piseach air cleachdaidhean Obair Chothromach taobh a-staigh roinn Cùram nan Inbheach ro-chudromach airson leasachaidhean san fhad-ùine, chan ann a-mhàin do dhaoine a tha ag obair ann an cùram sòisealta, ach cuideachd do na daoine ris am bi iad a' toirt taic. A' leantainn nam molaidhean bhon dà aithisg, cruthaichidh sinn Seirbheis Cùraim Nàiseanta gus sùil a chumail air libhrigeadh cùram, inbhean adhartachadh, agus airson dèanamh cinnteach gum bi pàigheadh nas fheàrr agus suidheachadh obrach nas fheàrr ann do luchd-obrach, agus gus taic nas fheàrr a thoirt do luchd-cùraim nach eil air am pàigheadh.

A bharrachd air seo, tha an Scottish Futures Trust agus Togail Alba a' stiùireadh obair gus Aonta Togail a chruthachadh a rèir prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba. Bha Aonta Obair-togail na mholadh aig Comataidh Bun-structar na h-Alba anns an [Aithisg ìre 2 aice](#). Bidh an t-Aonta, a tha gu bhith air fhoillseachadh as t-Fhoghar 2021 a' gabhail a-steach co-lèirsinn dhan ghnìomhachas mar phàirt bheothail de dh'eaconomaidh na h-Alba, a' gabhail a-steach gealltanais cleachdaidh obrach cothromach a bhith ann a chuideachadh gus àiteachan-obrach nas eadar-mheasgte agus nas in-ghabhalaich a bhith ann far a bheil barrachd tèarainteachd pàighidh is cùmhnaint aig luchd-obrach, far an urrainn dhaibh na sgilean a thoirt air adhart agus far am bi guth èifeachdach aca san àite-obrach.

Cumhachdan a bharrachd

Ghabhadh barrachd a dhèanamh nan rachadh cumhachdan a thaobh lagh fastaidh a thiomnadh do Phàrlamaid na h-Alba. Bheireadh na cumhachdan seo comas do Riaghaltas na h-Alba gus cur ri còraichean an luchd-obrach agus gus cur an aghaidh bochdainn agus gus Alba nas cothromaiche, nas uaine agus nas soirbheachaile a libhrigeadh. Aig a' char as lugha, dh'fhaodamaid dèanamh cinnteach gum faigh an luchd-obrach uile ann an Alba co-dhiù am fìor thuarastal bith-beò - tuarastal a tha a' riochdachadh fìor-chosgais bith-beò. Dh'fhaodadh sinn innleachdan cuir-a-dreuchd is ath-fhastadh a thoirmeasg, a' toirmeasg fastaichean bho bhith a' cur dhaoine à dreuchd agus a bhith gan ath-fhastadh le teirmichean is cumhaichean lùghdaichte; agus b' urrainn dhuinn casg a chur air cleachdadh neo-iomchaidh de chùmhnanntan neoni uairean, a' toirt cinnteachd do dhaoine mu na h-uairean-obrach agus mun phàigheadh aca. Ach chan eil na cumhachdan seo aig Riaghaltas na h-Alba aig an àm seo oir tha na cumhachdan a thaobh lagh fastaidh san fharsaingeachd glèidhte aig Riaghaltas na RA.

Às dèidh 2025

Tha 2025 na chlach-mhìle airson Obair Chothromach, ach chan e an ceann-uidhe a th' ann, agus cumaidh sinn oirnn a bhith a' dèanamh slatan-tomhais gus ar n-adhartas a mheas an coimeas ri dùthchannan Obair Chothromach agus dùthchannan eile le fòcas air eaconomaidh sunnd. Cumaidh a' mhargaidh-obrach agus na h-àiteachan-obrach againn orra ag atharrachadh air sgàth fhactaran air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh agus bidh e deatamach do luchd-fastaidh, luchd-obrach, an riaghaltas agus feadhainn eile cumail orra le conaltradh gus freagairt orra sin. Bidh feum air dòigh-obrach com-pàirteachaidh eadar riaghaltas, luchd-fastaidh, luchd-obrach agus aonaidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil co-cheannas agus co-obrachadh gus Obair Chothromach a chumail aig cridhe na h-eaconomaidh in-ghabhalaich againn agus aig cridhe an eadar-ghluasaid againn gu cothromachadh carboin.

Ann an libhrigeadh Ro-innleachd ùr a' Chruth Atharrachaidh Eaconamaich, bidh fòcas againn air Obair Chothromach, gus dèanamh cinnteach gun cruthaich sinn sòisealtas a tha soirbheachail gu h-eaconomach, gu sòisealta agus gu h-àrainneachdail. Feumaidh sinn comas na h-Alba a chur an gnìomh agus eaconomaidh a thogail a tha airson na h-uile tro bhith a' libhrigeadh soirbheas nas motha, nas uaine agus nas cothromaiche. Ma nithear seo gu ceart, cuiridh e an aghaidh bochdainn, bidh builean slàinte is sòisealta nas fheàrr ann agus togaidh e an teachd-a-steach phoblach a tha a dhìth gus tasgadh anns na seirbheisean poblach as fheàrr. Chan e dìreach an rud ceart ri dhèanamh gu moralta a th' ann a bhith a' cur Obair Chothromach aig cridhe na h-eaconomaidh againn: bidh e cuideachd a' cur ri cruthachalachd agus misneachd a chuidicheas fastaichean agus a bhith a' tàladh tàlant a dh'Alba, ag ùr-ghnàthachadh agus a' fàs, a' ciallachadh gum bi iad fhèin agus an dùthaich fhèin nas tarraingiche agus nas co-fharpaisiche air feadh na cruinne.

Slatan-tomhais airson soirbheas

Tha Obair Chothromach aig cridhe [Frèam Coileanadh Nàiseanta na h-Alba](#) agus tha ceangal soilleir ri [Amasan nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach](#).



Prìomh Amasan an UN airson Leasachadh Seasmhach






1. GUN BHOCHDAINN SAM BITH A BHITH ANN
2. GUN ACRAS SAM BITH A BHITH ANN
3. DEAGH SHLÀINTE IS SUNND
4. DEAGH FHOGHLAM
5. CO-IONNANACHD GNÈ
8. DEAGH OBRAICHEAN AGUS FÀS EACONAMACH
9. GNÌOMHACHAS, ÙR-GHNÀTHACHAS AGUS BUN-STRUCTAR
10. NEO-IONNANACHD LÙGHDAICHTE
11. BAILTEAN MÒRA AGUS COIMHEARSNACHDAN SEASMHACH
12. CAITHEAMH IS DÈANAMH CUNNTACHAIL
13. GNÌOMHACH A THAOBH NA GNÀTH-SHÌDE
16. SÌTH, CEARTAS AGUS BUIDHNEAN-STÈIDHICHTE LÀIDIR

Builean Nàiseanta

- Eaconamaidh:** Tha eaconamaidh againn a tha co-fharpaisil leis a' chòrr den t-saoghal, tionnsgainneach, in-ghabhalach agus so-sheasmhach.
- Eadar-nàiseanta:** Tha sinn fosgailte, ceangailte agus tha sinn a' toirt deagh bhuaidh gu h-eadar-nàiseanta
- Bochdainn:** Bidh sinn a' toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a' co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne
- Coimhearsnachdan:** Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, air an cumhachdachadh, fulangach agus sàbhailte
- Clann is daoine òga:** Tha sinn a' fàs suas gràdhachichte, sàbhailte agus air ar measadh air los gun coilean sinn ar làn-chomas
- Foghlam:** Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta
- Obair is Gnothachas Cothromach:** Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair chothromach dhan a h-uile duine
- Slàinte:** Tha sinn fallain agus gnìomhach
- Àrainneachd:** Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd agus tha sinn ga dìon is ga leasachadh
- Cultar:** Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing
- Còraichean daonna:** Tha sinn a' measadh, a' dìon agus a' coileanadh chòraichean daonna agus tha sinn beò saor bho leth-bhreith

Leigidh na ceumannan sin leinn sùil a chumail air prìomh chomharran soirbheachais thar nan còig taobhan de dh'obair chothromach, leis an Fhrèam Tomhais aig Co-chruinneachadh na h-Obraich Cothromaich a' toirt dhuinn dealbh nas mionaidiche air an adhartas thar gach taobh de dh'Obair Chothromach, gar cuideachadh gus na poileasaidhean againn a mheasadh. A bharrachd air seo, tha sinn air gealltainn measadh a dhèanamh air mar a chuir sinn dòigh-obrach agus slatan-tomhais Obair Chothromach an Toiseach an gnìomh, agus air cho èifeachdach 's a tha an stiùireadh air Obair Chothromach an Toiseach.

Nì sinn aithris air adhartas gach bliadhna leis na gnìomhan anns na planaichean gnìomh againn; anns an ath-nuadhachadh a tha sinn an dùil dèanamh air na planaichean gnìomh againn, beachdaichidh sinn air na builean agus toraidhean a bharrachd a tha a dhith gus cleachdaidhean obair chothromach a chumail aig cridhe na h-eaconamaidh agus gus Alba a dhèanamh na Nàisean Obair Chothromach.

Frèama Tomhais Co-chruinneachadh na h-Obrach Cothromaich					
Cothrom 	Spèis 	Tèarainteachd 		Riarachadh 	Guth Èifeachdach 
Beàrnan fastaidh a thaobh ciorram agus cinneadh	Droch shlàinte agus tinneas co-cheangailte ri obair	Cosnadh tèarainte	Uairean de sheach-ùine gun phàigheadh	Trèanadh air a thoirt seachad le luchd-fastaidh	Ballrachd ann an aonaidhean-ciùird
Ìre cion-chosnaidh na h-òigridh	Làithean-obrach air an call mar thoradh air droch shlàinte agus galaran	Fastadh maireannach	Tuarastail iomlan sheachdaineil meadhanach	Ionnsachadh san àite-obrach	Aonaidhean-ciùird a bhith ann
Beàrn gnìomhachd eaconamach nan gnè	Ro-uallach, ro-iomagain agus trom-inntinn air adhbharachadh le obair	Gun chosnadh gu leòr (gun uairean obrach gu leòr)	Fìor Thuarastail Bith-beò	Seòrsa trèanaidh	Co-bharganachadh (air aithris le luchd-cosnaidh)
Neo-ghnìomhachd eaconamach	Làithean-obrach air an call mar thoradh air ro-uallach, trom inntinn no ro-uallach	Obair nach eil maireannach gu neo-shaor-thoileach	Beàrn tuarastail a thaobh gnè, ciorram agus cinneadh	Fad an trèanaidh	Co-bharganachadh (air aithris le luchd-fastaidh)
Cothrom air dòighean-obrach shùbailte	Leòn san àite-obrach	Obair phàirt-ùine gu neo-shaor-thoileach	Cùmhnantan neoni uairean	Gun a bhith a' dèanamh feum gu leòr de sgilean	
Dealachadh dreuchdail bheartagail agus còmhnaidh	Làithean-obrach air an call mar thoradh air leòn san àite-obrach	Obair air do cheann fhèin gu neo-shaor-thoileach	Faid chuibheasach a bhios daoine san dreuchd	Dreuchdan bàn mar thoradh air gainnead sgilean	
	Leòntan bàsmhor				
Beàrnann ann an dàta					
Adhartas dreuchd	Leth-bhreith, sàrachadh agus burraidheachd	Còir air pàigheadh tinneis		Neo-eisimeileachd, fuasgail dhuilgheadasan, dian na h-obrach	Seanailean iomchaidh dhan neach-obrach airson a bhith a' conaltradh, a' toirt buaidh air cùisean agus a bhith a' barganachadh

6

* Tha Frèam-obrach Tomhais na h-Obrach Cothromaich a' cur air adhart taisbeanairan a thaobh Obair Chothromach a ghabhas a thomhas a' cleachdadh tùsan dàta a th' ann mar-thà. Tha iad seo uile nan cleachdaidhean san àite-obrach agus gabhadh piseach a thoirt orra aig ìre na buidhne. Chaidh am Frèama Tomhais a dhealbhadh airson a bhith a' tomhas an adhartais a dh'ionnsaigh Alba a bhith na Nàisean Obair Chothromach. Tùs: [Fair-Work-in-Scotland-Report.pdf \(fairworkconvention.scot\)](https://www.fairworkconvention.scot.gov.uk/Fair-Work-in-Scotland-Report.pdf)

Ceistean co-chomhairleachaidh

OBAIR CHOTHROMACH SAN ROINN AGAD

1. Dè a' phrìomh roinn a tha thu a' riochdachadh/ anns a bheil thu ag obair?
[LIOSTA TEÀRNAIDH]
[FEUMAR SEO A FHREAGAIRT]

Roinn	Tagh a' phrìomh roinn anns a
Gnìomhan co-cheangailte ri àiteachan-còmhnaidh agus	
Gnìomhan aig buidhnean seach-chriche (<i>extraterritorial</i>)	
Gnìomhan aig dachaighean mar luchd-fastaidh; gnìomhan aig dachaighean gus bathar agus seirbheisean neo-sheòrsaichte a dhèanamh	
Rianachd agus seirbheisean taic	
Àiteachas, coilltearachd is iasgach	
Na h-ealainean, spòrs, cur-seachadan	
Obair togail	
Foghlam	
Solar dealain, gas, smùid agus uidheaman-fuarachaidh	
Gnìomhan ionmhasail agus àrachais	
Gnìomhan co-cheangailte ri slàinte dhaonna agus obair	
Fiosrachadh is conaltradh	
Mèinnearachd agus cuaraidhean	
Gnìomhan seirbheis eile	
Gnìomhan proifeiseanta, saidheansail agus teicnigeach	
Rianachd phoblach agus dìon; tèarainteachd shòisealta riatanach	
Gnìomhan co-cheangailte ri togalaichean is talmhainn	
Òtrachas, riaghladh sgudail agus gnìomhan ath- chuirteachaidh	
Còmhdhail is stòradh	
Solar uisge	
Mòr-reic agus meanbh-reic; a' càradh charbadan-motair agus motar-bhaidhsagalan	

2. Dè na prìomh cothroman a th' ann airson a bhith a' gabhail ri cleachdaidhean Obair Chothromach san roinn agad?
3. Minich mar a ghabhadh na cothroman sin a mheudachadh san roinn agad?

4. Dè na prìomh dhùbhlain as motha a th' ann ro bhith a' gabhail ri cleachdaidhean Obair Chothromach san roinn agad?
5. Mìnich ciamar a tha thu a' smaoinneachadh a ghabhadh na dùbhlain sin fhuasgladh, a' gabhail a-steach do bheachdan air eadar-theachdan agus taic shònraichte a tha a dhìth san roinn agad.

OBAIR CHOTHROMACH ANNS A' CHO-THEACSA EACONAMACH LÀITHREACH

6. Nad bheachd, dè na bacaidhean a th' ann ri bhith a' libhrigeadh Obair Chothromach leis na dùbhlain eaconamach a th' ann an Alba an-dràsta?
7. Nad bheachd, dè na cothroman a th' ann gus Obair Chothromach a libhrigeadh anns an t-suidheachadh eaconamach a th' aig Alba an-dràsta?

CEUMAN A BHARRACHD GUS OBAIR CHOTHROMACH A LÌBHRIGEADH

8. Mìnich gnìomh sam bith a bharrachd a bu chòir Riaghaltas na h-Alba a ghabhail gus Obair Chothromach a libhrigeadh dhan a h-uile duine. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, taic sam bith a bharrachd a tha a dhìth nad bheachd.
9. Mìnich ceum sam bith a bharrachd a tha a dhìth nad bheachd gus Obair Chothromach a libhrigeadh dhan a h-uile duine, a' gabhail a-steach cò bu chòir a dhèanamh.

OBAIR CHOTHROMACH AGUS CUMHACHDAN AIR FASTADH

10. Nam biodh làn smachd aig Alba air lagh fastaidh, dè na cuspairean air am bu chòir aghaidh a thoirt mar phrìomhachas gus obair nas cudromaiche a libhrigeadh ann an Alba?

BEACHDAN A BHARRACHD

11. Dè an rud as cudromaiche as urrainn dhut, no dhan bhuidhinn agad, dèanamh gus Alba a chuideachadh gus a bhith na Nàisean Obair Chothromach.
12. Cleachd am bogsa gu h-ìosal gus innse dhuinn mu rud sam bith eile a tha buntainneach do dh'Alba a bhith na Nàisean Obrach Chothromach agus gus beachd sam bith eile th' agad a thoirt dhuinn air na ceuman a tha a dhìth gus seo a choileanadh.

A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Chaidh a' cho-chomhairle seo a chur air bhog air 1 Dàmhair 2021 agus thig i gu crìch air 23 Dùbhlachd 2021. Faodaidh tu an fhreagairt agad a chur a-steach uair sam bith ron cheann-latha mu dheireadh Gus do bheachdan a thoirt dhuinn, freagair a' cho-chomhairle seo air-loidhne aig [Alba a bhith na Nàisean Obair Chothromach](#). Faodaidh duine sam bith freagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairle. Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid na freagairtean co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh

Mur a bi e comasach dhut freagairt tron hub co-chomhairleachaidh againn, cuir am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt gu:

Co-chomhairle air Alba a bhith na Nàisean Obair Chothromach
Aonad na h-Obrach Cothromaich
6mh Làr, 5 Cidhe a' Chuain Siar
150 Broomielaw
Glaschu
G2 8LU

Foirm fiosrachaidh mun neach-freagairt

Gheibhear am foirm fiosrachaidh mun neach-freagairt ann an earrann nan sgrìobhainnean taice.

A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma fhreagras tu le <https://consult.gov.scot/>, thèid do stiùireadh dhan duilleag *Mu do Dhèidhinn* mus cuir thu do fhreagairt a-steach. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Ma dh'iarraas tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas dìomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Mur a h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lion agus cuir air ais am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgrìobhainn seo. (faic na faidhlichean taic)

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an dàta phearsanta agad, faic am [poileasaidh prìobhaideachd](#) againn.

Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus an dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach annta, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air [Citizen Space](#). Ma chleachdas tu an hub co-chomhairleachaidh gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cuir iad chun an t-seòlaidh gu h-àrd no gu:

fairworkvision@gov.scot



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2021

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn, faic **nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3** no sgrìobh gu Sgioba a' Phoileasaidh Fiosrachadh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: **psi@nationalarchives.gsi.gov.uk**.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig **www.gov.scot**

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80201-393-1 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Dàmhair 2021.

Air a dhèanamh às leth Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS910366 (10/21)

www.gov.scot